

Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh

25/11/25, 1000-1300

Teams

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd: Calum MacLeòid (sa Chathair) Ingrid NicEanraig
Iain Moireasdan (Neach-amhairc) Lachlan Peel

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)
Lorna Nicamhlaigh [LMA] (Stiùiriche Com-pàirteachais & Leasachaidh)
Sarah NicDhòmhnaill [SMD] (Ceannard Ionmhais & Dearbhaidh)
Donaidh Dòmhnallach [DMD] (Ceannard Gnìomhachais)
Kristina NicChoinnich [KMCK] (Foghlainneach Ionmhais)
Kathryn NicAoidh [KMK] (Neach-taic Cunntasachd)
Iain MacGilllosa [IG] (Ceannard IT) – puing 6
Uisdean MacLeòid [UML] (Ceannard Teicneòlas & Oighreachd) – puingean 6-9
Scott Smyth – Ceannard Ùr-ghnàthachais agus Anailiseachd [SS] – puing 10
Mairi Anna NicAonghais [MAMI] (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

1. Leisgeulan

1.1 Calum Steele.

2. Gnothaichean dearbhte

2.1 Cha robh gin.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh (10/9/25) & GAE

3.1 Geàrr-chunntas - molaichte le Ingrid NicEanraig agus daingnichte le Lachlan Peel.

3.2 GAE – comharraichte.

4. Pasgan Cunntasachd Q2 2025-26

4.1 Bha Pasgan Cunntasachd na ràithe seo air beulaibh nam ball agus bhruidhinn SMD air.

4.2 Chaidh ceist a chur co-cheangailte ris a' fo-chosgais ann an cosgaisean luchd-obrach thar nan sia mìosan air sgàth àireamh mhòr de dhreuchdan bàn san ùine. Chaidh innse gu bheil

dreuchd margaidheachd gu bhith air a dheasbad aig Bòrd Co-bhanntachd BBC ALBA air 1/12/25, agus gun tèid cuid a dh'obraichean eile a-mach gu sanas ro dheireadh na Nollaig, le feadhainn eile tràth ann an 2026.

- 4.3 Chaidh ceist a chur a thaobh cosgaisean HR agus laghail. A thaobh HR, chaidh a dhaingneachadh gu robh sin àrd ri linn, an lùib eile, atharrachadh sgioba san roinn didseatach/ionnsachadh agus an trèanadh an lùib sin. Cuideachd tha seirbheisean HR in-taigh na buidhne an-dràsta gan neartachadh agus tha buaidh air an sin air cosgaisean bho sheadh trèanadh.
- 4.4 Chaidh a dhaingneachadh gum bi cosgaisean laghail ag àrdachadh san ath chairteal ri linn An t-Eilean S2 agus an fheum air taic laghail bhon taobh a-muigh.
- 4.5 Chaidh a dhaingneachadh gu robh dùil gum biodh an t-airgead air fhàgail aig deireadh na bliadhna ionmhais nas ìsle na bha e an-dràsta agus taobh a-staigh ar poileasaidh cùl-stòran.
- 4.6 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachte.

5. **OKR Dashboard Q2 2025/26**

- 5.1 Bha pàipear agus OKRan air beulaibh bhall agus bhruidhinn DMD mun phàipear.
- 5.2 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachte.

6. **Frèam-obrach Dearbhaidh**

Dashboard

- 6.1 Bha *dashboard* agus pàipear air beulaibh bhall agus bhruidhinn KMK mun phàipear.
- 6.2 Chaidh a thogail nach deach a h-uile aithris ùrachadh agus gu bheil e deatamach gun tachair seo gach cairteal. Thuirt KMK gun tachair seo bho seo a-mach.
- 6.3 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachte.

Dìon-saidhbear

- 6.4 Thuirt IG gu robh an in-sgrùdadh air Dìon-saidhbear a' dol gu math, le dùil gum biodh e deiseil ro dheireadh an Dùbhlachd.
- 6.5 Chaidh innse gu bheileas a' gluasad ar seirbhisean (account management services) bho *server* chun sgòth, a' ciallachadh an tuilleadh tèarainteachd.
- 6.6 Chaidh a dhaingneachadh gun tèid deuchainn ionnsaidh saidhbear a chumail nuair a bhios an in-sgrùdadh seachad.
- 6.7 A thaobh trèanadh saidhbear, dh'innis IG gun deach post-d a chur gu luchd-obrach agus buill ag innse gu feum trèanadh a bhith dèante ma thathas airson cunntas Office 365 a ghlèidheil.

Frèam-obrach phoileasaidhean

- 6.7 Thèid tagradh a-mach ro dheireadh na bliadhna.

Clàr-ama Sgrùdadh in-taigh

- 6.8 Bidh an ath sgrùdadh air Luach-an-Airgid ann an 2026.

Deep-Dive

- 6.9 Thig Aithris 10: *Corporate Citizenship* chun na h-ath choinneamh.

Aithris eisgeachd (Fraud Exception Report)

- 6.10 Comharraichte.

7. Clàr Riosgan

a) Clàr nan Riosgan

- 7.1 Bha aithisg agus clàr riosgan air beulaibh bhall agus bhruidhinn UML mun phàipear.

- 7.2 **Co-dhùnadh**: bha buill riaraichte.

8. Plana Leantainneach Gnothaich

- 8.1 Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.

- 8.2 **Co-dhùnadh**: bha buill riaraichte.

- 8.3 **Gnìomh**: an dèidh an sgrùdadh air Dìon-saidhbear a bhith ullamh, feumar ionnsaidh saidhbear mas fhìor a chur fo dheuchainn. (UML)

9. Aithisg Slàinte & Sàbhailteachd 2024/25

- 9.1 Bha aithisg bhliadhnail Slàinte is Sàbhailteachd, a tha na uallach reachdail, air beulaibh na Comataidh airson sgrùdadh agus gun tèid an aithisg chun a' Bhùird le beachd na Comataidh mu leasachaidhean iomchaidh a chur an gnìomh.

- 9.2 Bhruidhinn UML mun aithisg bhliadhnail air beulaibh bhall. Bha an aithisg bhliadhnail seo airson na bliadhna gu deireadh an Samhain 2025 a' dearbhadh gu bheileas a' coileanadh ar dleastanas a thaobh riaghailtean *Health and Safety at Work Act 1974* agus a' dearbhadh gu bheil an t-àite-obrach sàbhailte agus gu bheil a h-uile cunnart a tha ann air a lùghdachadh mar bu chòir. Bha an aithisg a' cur an gnìomh an Dàrna Loidhne Dìon (ann am pàirt) agus an Treas Loidhne Dìon (gu h-iomlan) mar a thathas a' sùileachadh anns am Frèam-obrach Dearbhaidh.

- 9.3 Chaidh a ràdh gu bheileas air iarraidh air Arena HR fiosrachadh nas doimhne a thabhann air neo-làthaireachd luchd-obrach. Thèid am fiosrachadh sin a cho-roinn air a' Chomataidh.
- 9.4 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachaidh leis an Aithisg Slàinte & Sàbhailteachd.
- 9.5 **Gnìomh:** 1) thèid fiosrachadh mar aig 9.3 a chuairteachadh air a' Chomataidh (DC) agus 2) thèid an aithisg Slàinte & Sàbhailteachd air beulaibh a' Bhùird aig coinneamh an Dùbhlachd airson a chomharrachadh. (MAMI)

10. Dearbhadh HR air Ro-uallach

- 10.1 Bha pàipear air beulaibh na Comataidh le fiosrachadh air toraidhean às an t-Suirbhidh-Chuise aig MG ALBA a bhuineas do ro-uallach agus bhruidhinn SS mu dheidhinn. Chaidh a chomharrachadh gur e cùis laghail a bha seo ris a feumar coimhead gach bliadhna, an cois Slàinte is Sàbhailteachd.
- 10.2 Chaidh aithneachadh a dhèanamh air an cruth-atharrachadh anns a bheil am buidheann an sàs, an iarrtas a tha a' tuiteam air luchd-obrach ri linn sin, agus an dùil gur e obair an Àrd-sgioba Gnìomh, Ceannardan roinne agus manaidsearan dèanamh cinnteach gu bheil cùisean cothromach agus rèidh.
- 10.3 Chaidh a dhaingneachadh gu bheileas a' toirt seachad trèanadh airson manaidsear-loidhne an-dràsta gus na sgiobaidhean a stiùireadh.
- 10.4 Chaidh a ràdh gu robh e cudromach, ma bha daoine mi-thoilichte, gu bheil siostaman ann far am b' urrainn daoine bruidhinn ri cuideigin agus faighinn gu na h-adhbharan air cùlaibh mi-thoileachas.
- 10.5 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachaidh.

11. Poileasaidhean

- 11.1 Bha pàipear air beulaibh bhall leis an sgrùdadh bhliadhnail air frèam poileasaidh na buidhne, ag amas air dèanamh cinnteach gu bheil sgrìobhainnean riaghlaidh agus poileasaidhean na buidhne coileanta agus chaidh deasbad a chumail.
- 11.2 Chaidh iomradh a thoirt air na poileasaidhean a bha anmoch.
- 11.3 Thèid na poileasaidhean HR a làimhseachadh nuair a bhios am Manaidsear Oifis air ais.
- 11.4 Thèid an lèirmheas air Sgeama Tiomnachaidh is Rianachd; Gnàth Riaghailtean agus Riaghailtean Ionmhasail agus thèid an cuir tro Phròiseas Sgrìobhte chun Chomataidh agus an uair sin chun Bhùird airson aonta.
- 11.5 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachaidh.
- 11.6 **Gnìomh:** thig pàipear chun Bhùird a thaobh 11.4. (MAMI)

12. Aithisg cleachdaidh cairtean creideis

12.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh air ceumannan smachd a bharrachd a chaidh thoirt a-steach gus dèanamh cinnteach gu bheil caiteachas cairt creideas air a cheadachadh gu h-iomchaidh.

12.2 **Co-dhùnadh**: bha buill riaraichte.

13. GISBE

Cha robh gin.

14. Deit na h-ath choinneimh – tbc

Ainm sgrìobhte a' chathraiche:

Deit: